

ar n-aire 'shocrachadh gu durachdach air sgeadachadh fonnmhor, briagh na talmhuinn, agus oigheach a mach le cridheachan iriosal, taingeil, gur e Dia a rinn an Samhradh.

Is ann bho Dhia a tha gach sonas fìor 'us ceart 'us seasmhach a' tighinn. Tha moran de'n chinne daoine a dearbhadh gu soilleir le 'n comhlùadar mi-naomha 's ceannairceach, nach ann a'n coimh-ionadh toil an Tighearna a tha iad deonach agus iarrtasach air sonas soghmhor a' shireadh agus fhaotainn. Tha iomadh dearbhadh muladach agus cianail againn nach 'eil ach faoineas agus amaid-eachd uamhasach a bhi 'g iarraidh sonais ann an gnathachadh no ann an gnìomh air bith a tha deanadh dimeas air reachdan naomha an Tighearna. Is e so aideachadh muladach Sholaimhan deigh dha imeachd 'n a ruith 'us 'n a dheann-ruith anns gach ruidhtearachd 'us mi-bheus 'us anameasarachd—nach robh ach diomhanas 's an iomlan, agus buaireadh spioraid, agus nach robh tairbhe ann fo 'n ghrein. Saoilidh daoine, gu minic, gu bheil agh 'us sonas fìor 'us cinnteach aca, an uair a tha iad air an cuairteachadh le saoibhreas, le urram 'us le onair. Ach cia mar is urrainn do 'n spiorad neo-bhasmhor a bhuineas duinn a bhi air a shasachadh gu buileach leis gach ni ris an canar aighear saoghalta. Is ann bho Dhia a mhain a tha gach sonas glan 'us maith 'us ceart a' tighinn. Is E fein an tobar siorraidh bho 'm bheil gach slainte 's sonas 'us seasgaireachd a